

# PLANA TASGAIDH SGILEAN

airson roinn àrainneachd eachdraidheil na h-Alba





# CLÀR-INNSE

Facal-toisich	3
A' nochdadh am Plana Tasgaidh Sgilean (SIP)	4
Ro-ràdh	5
Ar roinn	6
Prìomh staitistigean	7
Toraidhean suirbhìdh fastaichean	8
Feumalachdan agus beàrnan sgilean	9
Aon-deug raointean cuimseachaidh	10
Prìomhachasan agus gnìomhan	12
Prìomhachasan is gnìomhan tèaman obrach	23
Tomhas soirbheachadh agus riaghladh	25
Ro-innleachdan agus planaichean-gnìomh na roinne	26



## FACAL-TOISICH

Tha àrainneachd eachdraidheil Alba gun choimeas, beairteach, eadar-mheasgte agus na tùs coitcheann de dh'uaill nàiseanta a tha gar ceangal ri chèile. Tha i aig teis-meadhan ar beatha làitheil, far a bheil sinn a' fuireach, ag ionnsachadh, ag obair agus a' cluich. A thuilleadh air sin, tha i deatamach ann an lìbhrigeadh ar n-eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin, ann an cumhachdachadh choimhearsnachdan is àiteachan gu bhith fulangach agus in-ghabhalach, agus ann an cur taic ri eaconamaidh maitheis.

Tha am foillseachadh seo a' riochdachadh thoraidhean rannsachaidh farsaing a chaidh a ghabhail os làimh gus am Plana Tasgaidh Sgìlean 2019 ath-sgrùdadh agus ath-ùrachadh, gus dèanamh cinnteach gu bheil e freagarrach don adhbhar bho 2024 agus às a dhèidh, agus comasach air làn taic a thoirt do lìbhrigeadh air ro-innleachd na h-Alba don àrainneachd eachdraidheil, Ar n-Àm a Dh'fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd. Tha an ro-innleachd seo a' tuigsinn gu bheil beathachadh sgìlean, eòlas, ealantas agus càileachdan pearsanta an sgioba-obrach phàighte, saor-thoilich agus fèin-fhastach, deatamach do a soirbheachadh.

Tha e fìor bhrosnachail gun d' fhuair an rannsachadh seo taic bho a lethid de raon fharsaing de dhaoine fa leth agus buidhnean a' spangachadh fhastachan, cunnadairean, saor-thoilich, buidhnean roinneil, luchd-maoineachaidh, solaraichean trèanaidh, iomairtean sòisealta, buidhnean poblach is proifeiseanta, agus prìomh luchd-ùidhe a ghabh pàirt ann an agallamhan, suirbhidhean sgioba-obrach agus deasbadaan mun bhòrd airson an ealantais a roinn. Gu h-iomlan, tha còrr air 160 buidheann air am beachdan a roinn, a tha ag innse mu chudromachd buaidhean tasgaidh sgìlean air feadh na dùthcha, agus an doimhneachd faireachdainn a thaobh an fheum air cothroman trèanaidh san roinn.



**Kaukab Stiùbhart BPA,**  
Ministear airson Cultar,  
na Roinn Eòrpa is  
Leasachadh Eadar-  
nàiseanta




**Graeme Dey BPA,**  
Ministear airson  
Foghlam Àrd-ìre is  
Adhartach

Tha e cudromach gabhail ris gu bheil am Plana Tasgaidh Sgìlean a' tighinn aig àm de dh'atharrachadh smaoineachail agus dùbhlain, ach le cothroman cuideachd. Tha e a' mìneachadh làn phrìomhachasan is ghnìomhan rin lìbhrigeadh thar nan còig bliadhna ri teachd gus taic a chur ri eag-shiostam sgìlean a tha seasmhach is fallain agus a tha a' ceadachadh do ar buidhnean agus do dhaoine fa leth air buaidh na h-àrainneachd eachdraidheil àrdachadh do mhuinntir na h-Alba. Chan urrainn don roinn àrainneachd eachdraidheil amasan a' Phlana Tasgaidh Sgìlean a choileanadh leotha fhèin. Bidh feum againn air ìrean meudaichte de cho-obrachadh, de cho-thaobhadh agus de cheannardas tarsainn roinnean ma tha sinn gu bhith soirbheachail. Tha àite aig gach roinn phoblach, phrìobhaideach agus treas-roinn, sealbhadairean prìobhaideach, agus coimhearsnachdan air feadh na dùthcha ann an lìbhrigeadh ghnìomhan a' Phlana Tasgaidh Sgìlean, agus gheibh na h-uile buannachd à roinn àrainneachd eachdraidheil a tha àrd-sgìleil.

Fhad 's a tha e a' cur taic dìreach ri lìbhrigeadh air Ar n-Àm a Dh'fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd, tha am Plana Tasgaidh Sgìlean a' cur cuideachd a dh'ionnsaigh prìomhachasan nàiseanta agus cinn-uidhe taobh a-staigh Frèam Coileanaidh Nàiseanta, agus Ro-innleachd Nàiseanta na h-Alba airson Cruth-atharrachadh Eaconamach. Tha seo a' taisbeanadh nam buannachdan a tha roinn dualchais soirbheachail a' tarraing chan ann a-mhàin gu eaconamaidh na h-Alba ach cuideachd gu slàinte agus sunnd muinntir na h-Alba uile.

Tron Phlana Tasgaidh Sgìlean ath-ùraichte seo, agus tro cho-obrachadh tarsainn na dùthcha, tha sinn ag amas air siostam sgìlean ruigsinneach a thogail a bheir seachad suidheachadh nas cothromaiche agus nas seasmhaiche do gach neach san àm ri teachd.

# A' NOCHDADH AM PLANA TASGAIDH SGILEAN (SIP)



## Roinnean na SIP: 10 Tèaman

- Arc-eòlas
- Turasachd dualchais
- Ailtireachd, innleadaireachd, planadh agus suirbhidheadh
- Cruthan tìre eachdraidheil agus gàrraidhean
- Tasglannan agus leabharlannan
- Dualchas gnìomhachasail
- Glèidhteachas
- Taighean tasgaidh agus gailearaidhean
- Saidheans dualchais
- Sgilean togail traidiseanta

# RO-RÀDH

**Tha am Plana Tasgaidh Sgìlean (SIP) don Àrainneachd Eachdraidheil na ro innleachd sgìlean teachdail tarsainn roinne le prìomh amas air dèanamh cinnteach nach eil obrachadh is fàs na h àrainneachd eachdraidheil air a cumail air ais tro dhìth tàlant agus sgìlean iomchaidh. Air fhoillseachadh an toiseach ann an 2019, thathar a' gabhail ris gun robh sgioba obrach sgìleil deatamach do fheumalachdan na roinne mu choinneamh an ama ri teachd, agus gu bheil dìth sgìlean iomchaidh na bhagairt a bheir buaidh air stiùireadh, dìon agus glèidhteachas na h àrainneachd eachdraidheil.**

Sa Mhàrt 2023, chaidh DC Research Ltd a choimiseanadh gus ath sgrùdadh neo eisimeileach air adhartas gu ruige seo a ghabhail os làimh. Lorg an t ath sgrùdadh gun robh leasachadh a' Phlana Tasgaidh Sgìlean, mar phrìomh fhrèam obrach airson prìomhachasadh agus lìbhrigeadh, air fhaicinn mar choileanadh fìor mhath. Bha luchd ùidhe den bheachd gun robh an SIP air cuideachadh le ìomhaigh agus cudromachd sgìlean àrainneachd eachdraidheil a thogail agus air na prìomhachasan a thaobh prìomh sgìlean a chomharrachadh. Chruthaich e fòram airson deasbad, conaltradh, rannsachadh fhuasglaidhean, co obrachadh agus obair com pàirteachais. Tha e air cuideachadh le dàimhean a leasachadh agus a neartachadh a thuilleadh air conaltradh le solaraidhean trèanaidh, agus air tuigse na roinne àrainneachd eachdraidheil don t siostam sgìlean a leasachadh. Tha an SIP agus an lìbhrigeadh aige air an cleachdadh mar thùs fianais do thagraidhean maoineachaidh, agus tro uidheaman co obrachail air cuideachadh le taic do theisteanasan agus leasachaidhean preantasachd a lìbhrigeadh, a thuilleadh air prògraman taic nas fharsainghe.

Co dhealbhaichte tro cho chomhairleachadh le com pàirtichean agus prìomh luchd ùidhe tarsainn lorg an SIP, tha an SIP air ath ùrachadh gus dèanamh cinnteach gun urrainn dha taic a chur ri lìbhrigeadh air Ar n Àm a Dh'fhalbh, Ar n Àm ri Teachd (OPOF), an ro innleachd airson àrainneachd eachdraidheil na h Alba, agus na sgìlean air a bheil feum fhàs mar thaic do phrìomhachasan OPOF a thaobh eadar ghluasad gu cothromachadh carboin a lìbhrigeadh, a' cumhachdachadh choimhearsnachdan fulangach is in ghabhalach agus a' togail eaconamaidh maitheas. Tha am plana cuideachd a' cur taic ri ro innleachdan is planaichean nàiseanta eile,

a' gabhail a steach an Ro innleachd Cultair do dh'Alba, Ro innleachd Thaighean tasgaidh is Ghàilearaidhean Alba, an Ro innleachd Nàiseanta do Chruth atharrachadh Eaconamach, am Frèam obrach Planaidh Nàiseanta, Plana Gnìomha Saor thoileach do na h Uile, am Plana Gàidhlig Nàiseanta agus Plana Atharrachaidh Gnàth shìde na h Alba.

Ann an 2019, b' e prìomhachasan SIP – 'com pàirt fastaiche ann an sgìlean is ùr ghnàthachadh', 'tarraing tàlant don àm ri teachd agus leasachadh cothrom', agus 'leasachadh sgioba obrach'.

A' leantainn air co chomhairleachadh an ath sgrùdaidh, tha feum air ath chuireadh mu thimcheall comas air togail gus solar fhàs, gus an urrainn do fhastaichean a dhol an sàs gu h èifeachdach ann an sgìlean is ùr ghnàthachadh agus com pàirteachadh ann an leasachadh sgioba obrach. Is iad na cuspairean prìomhachais airson 2024:



## TOGAIL COMAS AGUS FÀS SOLAIR



## TARRAING TÀLANT TEACHDAIL AGUS LEASACHADH RUIGSINNEACHD



## A' BEATHACHADH ÙR GHNÀTHACHADH

Leanaidh an SIP air adhart ga riaghladh leis a' bhuidheann sgìlean is ealantais, buidheann de fhastaichean, com pàirtichean sgìlean agus prìomh luchd ùidhe. Obraichidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba a dh'ionnsaigh sgrùdadh is aithris air lìbhrigeadh fhurastachadh, a chomasachadh agus a cho òrdanachadh. Ach, tha am plana fhèin ann an seilbh na roinne a bhios air a lìbhrigeadh le lìonra de chom pàirtichean, ùr agus làthaireach.

# AR ROINN

Is e aon de prìomh phrionnsapalan na ro innleachd nàiseanta Ar n Àm a Dh'fhalbh, Ar n Àm ri Teachd, sgioba obrach in ghabhalach, eadar mheasgte, agus sgileil a bheathachadh agus fhàs. Tha àrainneachd eachdraidheil na h Alba a' faotainn taic bho raon de dhaoine, agus feumaidh an ro innleachd seo taic a thoirt dhaibhsan uile a tha ag obair leis an àrainneachd eachdraidheil, eadar gu bheil iad ann an cosnadh pàighte no mar shaor thoilich. Tha feum aig an sgioba obrach againn air na sgilean a tha riatanach gus a bhith freagarrach airson an ama ri teachd, leis na sgilean sin gan luachadh agus gan adhartachadh, agus slighean air an coileanadh a tha fosgailte do na h uile.

Chan eil tuigse choitcheann an làthair do na seòrsaichean buidhne is sgilean a tha gu cinnteach a' suidhe taobh a staigh roinn na h àrainneachd eachdraidheil. Tha iomadachd is nàdar toinnte nan sgilean a tha riatanach, dèanamh na buidhne, sgioba obrach pàighte/neo phàighte, agus dìth dàta gus solar agus iarrtas a thaisbeanadh, a' cruthachadh chùisean ann an tuigsinn agus ann an tagradh don roinn. Airson an adhbhair seo, agus ann an co chomhairleachadh le prìomh chom pàirtichean, chaidh na còdan seòrsachaidh gnìomhachasail cunbhalach (SIC) agus seòrsachadh dreuchdail cunbhalach (SOC) ath ùrachadh gus na deich tèaman de lorg na h àrainneachd eachdraidheil a nochdadh nas fheàrr, agus beachd air meud agus sgèile a sholarachadh. Tron phròiseas seo, tha e tuairmsichte gu bheil 20,000 neach ag obair ann an dreuchdan àrainneachd eachdraidheil. Tha seo coltach ri figear 2019. A thuilleadh air sin, dh'aithris suirbhìdh Dhachaighean Alba (2019) gun robh an àireamh de dh'inbhich Albannach ri obair shaor thoileach ann an cultar is dualchas aig 73 mìle (6% de na saor thoilich fhoirmeil ann an Alba). Tha obair air a gabhail os làimh cuideachd gus dèiligeadh ri cuibhreachaidhean dàta le bhith ag uimhreachadh feum agus na stiùirichean iarrtais airson prìomh roinnean buntainneach leithid togail. Rè ùine a' Phlana Tasgaidh Sgilean còig bliadhna seo, tha e cudromach gun lean an obair seo air siostam a leasachadh gus fiosrachadh margaideachd nas mionaidiche agus nas gràineagaiche a ghlacadh, as urrainn taic a chur ri planadh sgioba obrach agus dealbh fìor de nàdar solair is iarrtais a sholarachadh, còmhla ri deamografan an sgioba obrach.



Ann an ath ùrachadh SIP, chaidh beachdachadh air na feartan roinneil a leanas:

- Spangachadh bhuidhnean/chompanaidhean tarsainn nan roinnean poblach, prìobhaideach agus treas roinne
- Còmhach mòran raointean margaideachd farsaing
- Ìrean àrda de fhèin chosnadh agus gnothachasan beaga agus meanbh
- Spangachadh raon farsaing de dhreuchdan/ obrachaidhean
- Gabhail a steach raon farsaing de phroifeiseantaich agus speisealaichean anns gach 'tèama no raon obrach' a tha ag obair gus daoine a dhìon, adhartachadh agus com pàirteachadh leis an àrainneachd eachdraidheil
- Le lorg nàiseanta agus feum air ruigsinneachd gu sgilean dualchais a sholarachadh ann an àiteachan air feadh Alba, cuid dhiubh nach eil ruigsinneach a rèir cruth na tìre
- Air a dhèanamh suas de chosnaichean, cosnaichean neo cheangailte, seilbheadairean gnothachais, proifeiseantaich, daoine fa leth, rannsaichearan, oileanaich agus saor thoilich
- Tha saor thoilich a' dèanamh suas pàirt chudromach de sgioba obrach na roinne ann an cuid de tèaman
- Co thaobhadh làidir le dreuchdan fa leth agus fo roinnean eile, mar eisimpleir, na gnìomhachasan togail, turasachd agus cruthachail



# PRÌOMH STATISTIGEAN



Air feadh na RA, tha e air ro-innse gun leanadh uidheamachadh na roinne togail leis na sgilean a tha riatanach gus togalaichean eachdraidheil air feadh na RA ath-fhreagarrachadh leis na sgilean riatanach, **gu £35bn a bharrachd a bhith air a ghinteadh gach bliadhna, a' cumail taic ri 290,000 obair.**

(Grosvenor, do Historic England)<sup>1</sup>



Thuir Dhachaighean Alba (2019) gun robh **73 mìle de dh'inbich Albannach ri obair shaor-thoileach** ann an cultar is dualchas (6% de na saor-thoilich fhoirmeil ann an Alba).

(Scottish Household survey (2019))



Bidh feum air **10,000 obair ùr** thar nan deich bliadhna a tha romhainn gus stoc togail traidiseanta na h-Alba a chumail suas agus a fhreagarrachadh.

(anailis HES air dàta ro-innse gnìomhachais Leasachadh Sgilean na h-Alba)<sup>2</sup>




Tha an àrainneachd eachdraidheil a **beathachadh 68,000 dreuchd làn-ùine.**

(SHEA)<sup>3</sup>



Tha **20,000 neach** ag obair ann an dreuchdan san àrainneachd eachdraidheil.

(Rannsachadh DC)<sup>4</sup>




1 (2023) Ar n-Àm a dh'Fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd, HES  
2 (2023) Ar n-Àm a dh'Fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd, HES  
3 SHEA/OPOF tron RA


4 (2023) Ath-sgrùdadh air an Àrainneachd Eachdraidheil, DC Research

# TOROIDHEAN SUIRBHIDH FASTAICHEAN


Chaidh suirbhidh fastaichean a dhèanamh eadar an t-Ògmhios agus an Lùnastal 2023. Fhreagair 56 buidheann agus chaidh coimeas a dhèanamh le na toraidhean à 2019.



Bha 90% de luchd-freagairt den bheachd gur e fastaichean obrach cothromach a bh' annta.




Bha 68% de fhastaichean a' sùileachadh ri gainnead sgilean anns na coig bliadhna ri thighinn, tha seo 20% nas àirde na 2019.




Shoillsich 65% de fhastaichean am buaidh mhòr a tha aig gainnead sgilean thraidiseanta/speisealaichte air fàs na buidhne.



Dh'ainmich 73% de luchd-freagairt an t-suirbhidh, 'dìth dhaoine sgileil agus teisteanach' mar adhbhar airson trioblaidean sgilean is obrach san àm ri teachd.



Thuir 63% de luchd-freagairt gun robh buaidh mhòr aig bearnan sgilean air seasmhachd na buidhne.



Fhuair 41% tarraing luchd-obrach gu math duilich an taca ri 11% ann an 2019.



# FEUMALACHDAN AGUS BEÀRNAN SGILEAN

Dh'ainmich ath-sgrùdadh an SIP draghan mu na dùbhlain làithreach mar “cuis eiginn” airson sgilean na h-àrainneachd eachdraidheil, gu h-àraidh do sgilean togail traidiseanta.

Dh'ainmich na cearcaill-còmhradh cha mhòr 200 sgiil aig an robh feumalachdan no beàrnan chudromach. Ach, bha 57% air ainmeachadh aon turas, is mar sin tha e doirbh a' feum a mheasadh. Ged nach urrainn don SIP dèiligeadh le na feumalachdan sgilean seo air fad, tha e a sealltainn meud na sgilean a tha a dhìth bho sgilean teicnigeach speisealaichte gu sgilean nas fharsainge leithid sgilean gnothachais, stiùireadh pròiseict agus didseatach.

Sgilean	Co-aontachd	Àireamh de Tèaman
Didseatach a' gabhail a-steach litearrachd dhidseatach, iarrtasan didseatach, agus fuasglaidhean didseatach	69	8
Stiùireadh pròiseict	16	6
Glainne dhathte	15	3
Slàinte is sàbhailteachd	14	4
Obrachadh innealraidh	14	3
Clachaireachd	12	4
Dendrochronology	7	3
Sgilean tionnsgainneach/gnothachais	8	4
Glèidhteachas Cloiche	3	3
Saoirsinneachd	3	3

Clàr 1: Sgilean leis a' cho-aontachd as motha tarsainn tèaman.

Sgilean	Co-aontachd	Tèama
Stuthan – meatailt agus co-mheatailtean	19	Dualchas gnìomhachasail
Sgilean manaidsearachd	11	Turasachd dualchais
Sgilean Lusa	10	Cruthan-tìre eachdraidheil agus gàrraidhean
Ath-fhreagarrachadh	8	Ailtireachd, innleadaireachd, planadh agus suirbhidheadh
Clàradh a' gabhail a-steach BIM	8	Dualchas gnìomhachasail
Sgilean Conaltraidh agus eadar-phearsanta	8	Turasachd dualchais
Beus-eòlas	8	Arc-eòlas
Ceannardas	7	Turasachd dualchais
Seanchais	7	Turasachd dualchais
Co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas	6	Taighean-tasgaidh agus gailearaidhean
Mothachadh glèidhteachas	6	Glèidhteachas
Mullachaidh	6	Sgilean togail traidiseanta

Clàr 2: Sgilean leis a' cho-aontachd as motha tarsainn tèaman fa leth.

# AON-DEUG RAOINTEAN CUIMSEACHAIDH

Chomharraich an rannsachadh a h-aon-deug raointean le feum air cuimseachadh gus taic a chur ri eag-shiostam sgilean seasmhach fallain do roinn na h-àrainneachd eachdraidheil.



**Faotainn ghoireasan seasmhach.** Tha e riatanach gu bheil plana ghoireasan agus goireasan fhèin air an lorg gus taic a chur ri co-òrdanachadh agus lìbhrigeadh, oir às an aonais cha bhi gnìomhan prìomhachais air an lìbhrigeadh.



**Ceannardas roinne làidir.** Le lùghdachadh ann am buidhnean sgilean mar thaic don roinn, agus mòran de ar prìomh raointean roinne gun a bhith tuilleadh fo lorg buidheann sgilean as urrainn tagradh, gnìomhadh mar ghlèidheadair air inbhean dreuchdail nàiseanta, taic a chur ri leasachadh air teisteanasan ùra agus frèaman-obrach, tha e cudromach dèiligeadh ri cùis ceannardais roinne airson sgilean as urrainn lìbhrigeadh fhurastachadh agus fòram airson co-obrachadh.



**Co-obrachadh agus co-thaobhadh.** Tha feum air com-pàirteachasan cruthachail a thogail tarsainn agus taobh a-muigh na roinne gus a' bhuidheann as àirde fhaotainn seach gnìomhachd a dhùblachadh. Gus dèiligeadh ri beàrnann ann an solar agus goireasan is oidhirp a cho-thaobhadh, feumaidh prìomh luchd-ùidhe co-obrachadh agus feumaidh uidheaman a bhith ann airson a' cho-obrachaidh seo.



**Co-dhùnaidhean fiosraichte le dàta agus aithriseachd.** Tha feum aig an roinn air dàta nas fheàrr ann an cruth feumail a dh'fhaodas gnìomhadh mar aon tùs fìrinneachd agus plana cuideachaidh, tagradh agus solar a sgrùdadh.



**Fàs 'dualchas suaicheantais'.** Tagradh don roinn agus airson sgilean roinne.





Tha feum aig an roinn air slighean adhartachaidh soilleir gus taic a thoirt dhaibhsan a tha fhathast ri com-pàirt a ghabhail san roinn agus cosnaichean làithreach.



**Bunailteachadh, cumail suas agus fàs sgilean teicnigeach speisealaichte.** Tha e cudromach gun urrainn dhuinn sgilean speisealaichte a chomharrachadh, le uidheam airson measadh air 'slàinte' nan sgilean sin, agus structar na àite mar thaic do phlanadh leantainneachd agus roinn eòlais.



**Creideasachadh agus inbhean.** Ag adhartachadh sgeamaichean creideasachaidh làithreach, a' brosnachadh proifeiseantaich gus creideas fhaotainn, agus ag ath-sgrùdadh èifeachd nam prògraman creideas làithreach. Cuideachd, a' dèanamh cinnteach à ìrean solarachaidh trèanaidh agus comas luchd-ionnsachaidh ann an suidheachaidhean far a bheil dìth teisteanasan foirmeil no creideasachadh proifeiseanta.



**Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh shlighean adhartachail in-ghabhalach.** Tha feum aig an roinn air slighean adhartachaidh soilleir gus taic a thoirt dhaibhsan a tha fhathast ri com-pàirt a ghabhail san roinn agus cosnaichean làithreach. Tha seo a' gabhail a-steach slighean nas dreuchdaile agus cuimse air leasachadh ruigsinneachd gun sgioba-obrach, le bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd, agus cultar roinne is cleachdaidhean as urrainn toirmeasg.



**Ruigsinneachd CPD.** A' cuimseachadh air solar do SMEan, saor-thoilich agus 'badan fuar' sgilean air feadh Alba.



**Leasachadh litearrachd dhidseatach, cur an gnìomh agus fuasglaidhean.** B' e modhan didseatach a' gabhail a-steach AI, leasachadh litearrachd dhidseatach, iarrtasan didseatach, agus fuasglaidhean didseatach a' phrìomh fheumalachd sgilean a chaidh a chomharrachadh, agus/ no easbaidh tarsainn nam bòrd cruinn.



**Sgilean gus dèiligeadh ri cùis-èiginn na gnàth-shìde.** Tha àite deatamach aig an àrainneachd eachdraidheil ann an cur taic ri obraichean matha, uaine agus adhartachadh stuthan càrboin ìosal is sgilean. Ach airson seo a dhèanamh, feumaidh sinn comasachd a thogail agus solar àrdachadh.



# PRÌOMHACHASAN AGUS GNÌOMHAN

Gus goireasan a thargaideachadh, gnìomhachd a cho thaobhadh, agus soirbheachadh a mhìneachadh, tha co chomhairleachadh SIP air prìomhachasan, builean agus gnìomhan àrd ìreil a chomharrachadh a dh'ionnsaigh gum faod sinn uile obrachadh. Fàsaidh iad sin mean air mhean agus feumaidh sinn a bhith luath agus sùbailte gus suidheachaidhean a tha ag atharrachadh a choileanadh. Tha gnìomh a dhìth aig iomadh ìre: bho fhastaichean, solaraichean trèanaidh agus buidhnean proifeiseanta troimhe gu buidhnean ionadail, roinneil agus stèidhichte gu nàiseanta. Mar sin, tha co obrachadh agus obair tarsainn roinnean mar shlighe gu soirbheachadh a choileanadh.



## Cuspair Prìomhachais 1: Togail comas agus fàs solair

Mar thoradh air meud na roinne, an comas lìonaidh ìosal, nàdar daor an t solair agus na duilgheadasan le dàta, faodaidh e a bhith doirbh tagradh airson agus com pàirt a ghabhail san t solar a tha an làthair. Ged a tha dàta ùr a' moladh gu bheil an àireamh de dh'oileanaich ag èirigh a tha ag ionnsachadh air cùrsaichean co cheangailte ri roinn dualchais, is e an fhìrinn gu bheil call air solar ann am prìomh raointean, a' gabhail a steach ailtireachd cruth ùre, planadh agus sgilean togail traidiseanta. Tha feum a' fàs cuideachd air solar ann an raointean ùra, a' gabhail a steach didseatach, ath fhreagarrachadh agus èifeachdas cumhachd. Chomharraich na cearcaill còmhraidh feum air planadh roinne agus co thaobhadh, gus comharrachadh far am feum solar a bhith air a leasachadh no air àrdachadh, agus comas nam buidhnean fhàs gus trèanadh a lìbhrigeadh mar phàirt de mhodh obrach lìonraidhichte a tha a' fiosrachadh dàta.

Tha feum soilleir air sgilean speisealaichte tarsainn nan tèaman obrach uile, ach gu h àraid anns an àrainneachd thogte agus nàdarra, gus solarachadh air cunnadairean agus luchd ciùird àrd sgileil a mheudachadh, a ghabhas an obair a tha a dhìth san roinn os làimh agus a cheadaicheas do luchd comharrachaidh agus luchd maoinachaidh a bhith misneachail ann an sònrachadh nan sgilean sin agus stiùireadh solair.

Is e prìomh cho dhùnadh ag èirigh bhon rannsachadh gu bheil feum air modh obrach ioma thaobhach is sùbailte le lìbhrigeadh air foghlam, sgilean agus trèanadh, gus feumalachdan sònraichte na roinne a choileanadh agus taic a chur ri fàs san àm ri teachd. Chaidh cruth na ùre air a thogail mar bhacadh air trèanadh, mar sin tha feum air taic a chur ri ruigsinneachd air solar trèanaidh air feadh Alba.

Tha saor thoilich deatamach do chuid de fho roinnean agus tha oidhirp ann air coimhearsnachdan a bhrosnachadh gu seilbh agus stiùireadh a ghabhail air so mhaoinean àrainneachd eachdraidheil, ach tha trèanadh agus taic ann an cruth a dh'obraicheas a dhìth gu h àraid ann an glèidhteachas teicnigeach, dualchas gnìomhachasail, riaghladh agus sgilean tionnsgaineach. Tha mòran de shaor thoilich nan luchd gleidhidh air sgilean dualchais agus air eòlas a tha ann an cunnart, ag obrachadh às aonais dòigh fhoirmeil air sgilean a roinn. Tha gnìomh ri dhèanamh a thaobh far a bheil sgilean agus eòlas speisealaichte ri fhaotainn agus mar a ghabhas structaran an leasachadh gus taic a chur ri sgilean èifeachdach is roinn eòlais, agus gus dèanamh cinnteach à fad beatha sgilean dualchais cudromach.



## GNÌOMH 1:

### Frèam-obrach a leasachadh airson planadh leantainneachd agus roinn eòlas

Chaidh planadh leantainneachd a chomharrachadh mar chùis do na h-uile ach aon de raointean na cearcaill còmhraidh. Tha e gu h-àraid, ach chan eil gu h-iomlan, na dhuilgheadas do sgilean speisealaichte de chomas ìosal teicnigeach far nach eil iad ach aig aon no dithis san roinn. Tha dùbhlann ann le dìth luchd-trèanaidh, comas nan speisealaichean air càch a thrèanadh, agus dìth structaran airson nan sgilean sin a chur air adhart.

Tha feum air siostam a chruthachadh as urrainn ‘slàinte’ sgilean dualchais is obrachadh a chomharrachadh agus a mheasadh mar shiostam rabhaidh tràth, nuair a dh’fhaodadh sgilean a bhith ann an cunnart, an ìre cunnairt agus a’ bhuaidh a bhios aig gainnead no call air sgilean.

Feumar fuasglaidhean co-obrachail a chomharrachadh nuair a tha sgilean air am faicinn ann an cunnart. Dh’fhaodadh sin a bhith tro phreantasachdan agus greisean-trèanaidh, ach feumar smaoinichadh cuideachd air mar a ghabhas ìrean de na sgilean sin a bhith air an roinn gus seasmhachd a leasachadh.

Chaidh roinn eòlais agus sgilean mar phàirt de mhodh-obrach lìonraidhichte a chomharrachadh a bhith cudromach. Ged a tha mòran eisimpleirean neo-fhoirmeil an làthair air mar a tha seo a’ tachairt, bhathar a’ faireachdainn gun robh feum air modh-obrach nas structaraichte. Bha seo gu h-àraid cudromach do bhuidhnean saor-thoileach.



## GNÌOMH 2:

### Co-thaobhadh, leasachadh agus creideasachadh solar adhartach Leasachadh Proifeasanta Leantainneach (CPD), a’ dèanamh cinnteach à faotainneachd gu nàiseanta

Ged a bha mòran de dheagh eisimpleirean de CPD agus solaraichean CPD rim faicinn, bhathar a’ faireachdainn gun robh CPD *ad-hoc*, iar-ghnìomhach agus sa mhòr-chuid air amas aig ìre bhunasach. Chomharraich na cearcaill còmhraidh gu h-àraid feum air solar adhartach agus ruigsinneach gu roinneil. Bha iarraidh airson co-obrachadh tarsainn agus taobh a-muigh na roinne, agus eadar dhreuchdan. Bha

tuigsinn do agus dèanamh cinnteach à inbhean nan dùbhlann cuideachd, ged a tha cuid de na pàirtean den roinn làidir a thaobh CPD creideasaichte. Tha feadhainn eile nach eil, agus sna pàirtean sin den roinn ma tha solar ann, chan eil e soilleir mun ìre den t-solar sin agus an ìre de chomasachd a gheibh an fheadhainn sin a tha a’ gabhail CPD os làimh. Chuireadh an gnìomh seo taic ri leasachadh air slighean adhartach a tha comharraichte mar ghiomh ann am Prìomhachas 2.



## GNÌOMH 3:

### Mothachadh do ghleidhteachas a thogail le prìomh luchd-ùidhe

Bha àireamh de raointean far an robh mothachadh glèidhteachais air fhaicinn cudromach:

- Prìomh luchd-ùidhe leithid ùghdarrasan ionadail, as urrainn a bhith nan stiùir air sgilean agus fàs solar.
- Proifeiseantaich neo-ghleidhteachail, gus am bi iad mothachail do na dh’fheumas iad a shireadh agus nuair a bhios feum air ealantas.
- Dèan foghlam àrd-ìre is adhartach prìomh-shruthach m.e. ailtireachd, innleadaireachd, planadh agus suirbhidheadh.



## GNÌOMH 4:

### Togail comas san roinn

Tha feum air comas a thogail san roinn gus trèanadh a lìbhrigeadh. Tha sinn ann an suidheachadh deatamach a thaobh àireamh de ar prìomh raointean le feum èiginneach air solar trèanaidh a bhunailteachadh agus fhàs, gu sonraichte ann an sgilean togail traidiseanta agus dualchas gnìomhachasail. Tha seo ag iarraidh a bhith a’ co-obrachadh gus modailean solair sùbailte a chomharrachadh, a tha a’ coileanadh fheumalachdan gnìomhachais agus a’ fàs comas trèanaidh is measaidh.



## GNÌOMH 5:

### Cur taic ri buidhnean seasmhach

Chaidh seasmhachd àrainneachdail, leasachadh ceannardais agus sgilean gnothachais/tionnsgaineach a chomharrachadh mar sgilean uile-ghabhalach air a bheil feum aig an roinn mar thaic do sheasmhachd.



## Cuspair Prìomhachais 2: Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd

Chaidh an cuspair prìomhachais seo a' ghiùlan thairis bhon SIP thùsail. Mar phàirt den uidheam lìbhrigidh don SIP, chaidh dà bhuidheann lìbhrigidh a stèidheachadh, buidhnean Tarraing Tàlant Teachdail agus Leasachadh Ruigsinneachd, gus modh obrach co obrachail a leasachadh don dà phàirt den chuspair seo. Lorg ath sgrùdadh DC Research Ltd gun robh na h uidheaman sin iomchaidh, ach gum bu chòir am ballrachd agus an cumhachan iomraidh a bhith air an ath sgrùdadh.

Tha leasachadh air sruth làidir de thàlant deatamach mar a tha dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh agus na sgilean ceart aig an sgioba obrach teachdail, airson obrachadh anns an àrainneachd eachdraidheil.

Tha mì thuigsinn cumanta mu thimcheall na tha e a' ciallachadh a bhith ag obair ann an roinn na h àrainneachd eachdraidheil, agus dh'fhaodadh a h ìomhaigh a leasachadh am measg dhaoine òga agus le am prìomh luchd buaidh. Chan eil slighean dreuchdail don roinn soilleir agus tha dìth

faicsinneachd air slighean inntrigidh. Tha seo ann am pàirt mar thoradh air nach eil preantasachdan agus cothroman ionnsachaidh eile stèidhichte air obair air an cleachdadh gu farsaing ann am pàirtean den roinn m.e. arc eòlas, leabharlannan is tasglannan, glèidhteachas, saidheans dualchais, ach cuideachd a chionn 's gu bheil earbsa ga chur ann an obair shaor thoileach agus dòighean neo fhoirmeil eile air greisean gnìomhachais fhaighinn, far am faod inbhean, aithne agus eòlasan a bhith eadar mheasgte. Tha cùrsaichean foghlaim adhartach, a dh'fhaodadh a bhith feumail don roinn leithid aoi gheachd is turasachd agus togail, buailteach an susbaint a chuimseachadh air na pàirtean as motha den roinn. Chaidh an fheum air slighean èifeachdach a lorg agus a leasachadh a chomharrachadh cuideachd le riochdairean bho bhuidhnean sgilean agus solaraichean trèanaidh, mar bhacadh air com pàirt agus taic.

**Leantainn >**





## GNÌOMH 1:

### Adhartachadh na roinne mar àite tarraingeach airson obair

Bheir obrachadh le Leasachadh Sgioba obrach Òg, Leasachadh Sgilean na h Alba (SDS), Young Scot, agus buidhnean buadhach eile gus mothachadh air cothroman dreuchdail a mheudachadh, a thuilleadh air buaidh a thoirt air a' churraicealam, comas do bharrachd dhaoine beachdachadh air dreuchd ann an roinn na h àrainneachd eachdraidheil agus obair luachmhor is sgilean fastaidheachd a chosnadh. Cuidichidh seo leis an t sruth tàlaint a steach do phreantasachdan, foghlam àrd ìre is adhartach, a mheudachadh agus tarsainn diofar phàirtean den roinn. Rè na h ùine lìbhrigidh seo, thèid slighe conaltraidh a chruthachadh gus puingean com pàirteachaidh soilleir a chomharrachadh agus a leasachadh bho aois bun sgoile suas gu atharrachaidhean dreuchdail.



## GNÌOMH 2:

### Slighean aithnichte a chruthachadh do na h uile, a steach agus tarsainn na roinne

Chaidh dìth shlighean cunbhalach is soilleir a chomharrachadh mar bhacadh air inntirigeadh agus adhartachadh taobh a staigh na roinne. Tha saor thoilich nam pàirt riatanach den sgioba obrach, agus is e obair shaor thoileach aon de na prìomh dhòighean air inntirigeadh don roinn ann an cuid de raointean. Ach tha càileachd obair shaor thoileach agus an ionnsachaidh a thathar a' tabhann, mì shoilleir. Tha a bhith na shlighe nas èifeachdaiche a steach don roinn ag iarraidh dòigh air na sgilean a chaidh a leasachadh ann an obair shaor thoileach, a thuigsinn agus a thaisbeanadh. Tha e riatanach cuideachd ruigsinneachd don sgioba obrach a leasachadh agus dèiligeadh ris na bacaidhean, pròiseasan agus cultaran a tha ag às dhùnadh.



## GNÌOMH 3:

### Cothroman fastaidheachd a chruthachadh

Tha 'Roinn in ghabhalach do na h uile' na phrionnsapal uile ghabhalach an lùib mar a lìbhrigeas sinn an SIP. Tha a bhith in ghabhalach sa cho theacsa seo, ag iarraidh mothachadh, deisealachd, agus goireasan gus ar comasachadh air iomadachd a chomharrachadh, com pàirt a bhrosnachadh, agus bacaidhean a thoirt air falbh. Tha an dealbhadh agus lìbhrigeadh air SIP a' sùileachadh agus a' beachdachadh air measgachadh de shlighean is chothroman an lùib com pàirt bhàrteil a ghabhail leothasan a tha air an às dhùnadh bhon roinn seo.

Le bhith a' leasachadh chothroman fastaidheachd, tha sinn a' cur taic ri leasachadh sgilean a dh'fhaodadh a bhith na thoiseach tòiseachaidh air dreuchd no gnothachas coileanta do neach air choreigin, agus aig an aon àm le cùram do ar dualchas agus dèiligeadh ri dùbhlain chudromach nar coimhearsnachdan, leithid bochdainn connaidh, ath ùrachadh, agus cùis èiginn na gnàth shìde.



# Cuspair Prìomhachais 3: A' beathachadh ùr- ghnàthachadh

Is e beachd-smuaintean a th' ann an ùr-ghnàthachadh a tha a' cur-ris luach agus a' cruthachadh atharrachadh dearbhach.

Taobh a-staigh nan co-chomhairleachaidhean, b' àbhaist ùr-ghnàthachadh a bhith air iomradh ann an co-theacsa trì raointean:

- Togail sgilean gus taic a chur ri lasachadh agus freagarrachadh air cothromachadh-carboin
- Beathachadh litearrachd dhidseatach agus ùr-ghnàthachadh
- Cruthachadh mach-chur air sgilean bho bhuilean rannsachaidh

Tha conaltradh leis an roinn nas fharsainge deatamach, gus dèanamh cinnteach gu bheil sgilean iomchaidh aca gus dùilean làithreach agus teachdail a choileanadh a thaobh cothromachadh-carboin agus ùr-ghnàthachadh didseatach. Tha sgaradh àibheiseach eadar an ìre de eòlas, tuigsinn agus gnìomhadh sgilean a tha aig buidhnean taobh a-staigh an dà raon sin, a bhios a' sìor-fhàs nochdte fhad 's a tha sinn a' tarraing gu deireadh an deiceid, agus teicneòlas a' leantainn air a' fàs nas bitheanta agus nas àrd-leasaichte.



## GNÌOMH 1:

### Togail sgilean airson taic do lasachadh agus freagarrachadh air cothromachadh-carboin

Chaidh beachdachadh air naoi raointean ann an coimhead ri solar sgilean agus trèanaidh gus taic a chur ri gnìomh-cumhachd gnàth-shìde agus stiùireadh càrboin; buaidhean, cunnart agus freagarrachadh; eaconamaidh cuairteach; siubhal seasmhach; solar seasmhach, ath-fhreagarrachadh agus èifeachdas cumhachd, bith-iomadachd agus fuasglaidhean stèidhichte air nàdar agus turasachd seasmhach.

Tha buidhnean agus lìonraidhean ag obair ann an cuid de raointean mar-thà, an dà chuid air taobh a-staigh agus taobh a-muigh na roinne (m.e. litearrachd gnàth-shìde), ach tha nas lugha solair ri fhaotainn ann an raointean eile, a' gabhail a-steach èifeachdas cumhachd agus ath-fhreagarrachadh. Tha an solar a th' ann le feum air àrd-leasachadh. B' e na prìomh bheachdachaidhean mar a dheigheadh ceannardas roinne agus meantoradh a leasachadh san àite seo gus taic a chur ri atharrachadh ann an dòigh smaoineachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh ann an litearrachd càrboin ruigsinneach, meudachadh is co-thaobhadh a dhèanamh gu làn-ìre air goireasan a tha an làthair agus cur taic ri gnothachasan nas lugha air an turas gu cothromachadh-carboin. Thàinig prionnsapalan cunntasachd càrboin agus eaconamaidh cuairteach, sgilean mar thaic do ath-fhreagarrachadh agus èifeachdas cumhachd,

agus fuasglaidhean stèidhichte air nàdar, a-mach gu làidir mar fheumalachd no easbaidh sgilean.



## GNÌOMH 2:

### Beathachadh litearrachd dhidseatach agus ùr-ghnàthachadh

Chaidh ceannardas san raon seo, com-pàirt fhastaichean ann an solar foghlaim àrd-ìre agus adhartach, dàta leasaichte, uidheaman airson roinn sgilean is co-thrèanadh agus prògraman a bheir taic do litearrachd dhidseatach, a chomharrachadh mar a bhith riatanach.



## GNÌOMH 3:

### Cruthachadh mach-churan sgilean bho bhuilean rannsachaidh

Tha roinn na h-àrainneachd eachdraidheil a' stiùireadh na slighe air mòran taobhan de mhion-sgrùdadh stuthail, èifeachdas cumhachd, agus freagarrachadh is lasachadh air an àrainneachd thogte eachdraidheil. Tha e cudromach gun urrainn rannsachadh a tha ga choileanadh ann an aitreabhan nas motha, buidhnean rannsachaidh neo-eisimeileach agus togalaichean foghlaim, a bhith air eadar-theangachadh agus air a roinn mar bhuannachd don roinn iomlan agus don choimhearsnachd fharsaing. Tha feum air beachdachadh mar as urrainn do bhuilean rannsachaidh biathadh a-steach do sholar trèanaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach neach air na beachdan as ùire.



# Cuspair 1: Togail comas agus fàs solair

Gnìomh	Cinn-uidhe	Gnìomhachdan	Com-pàirtichean	Builean Eadar-amail	Buaidhean Fad-amail	Targaid SMART
1.1 Leasaich frèam-obrach airson planadh leantainneachd agus roinn eòlas	Cruthachadh uidheam airson comharrachadh, measadh, sgrùdadh agus aithris air sgilean ann an cunnart	Cruthachadh liosta de sgilean dualchais ann an cunnart  Leudachadh mhodhan-obrach làithreach a thaobh planadh leantainneachd agus pileatadh mhodhan-obrach ùra	HES, CIFA, ICON  Com-pàirtichean SIP, lìonraidhean làithreach	Dàta airson co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh a chuireas taic ri planadh sgioba-obrach na roinne  Leasachadh agus deuchainneadh eadar-theachdan co-obrachail a dh'fhaodadh an àrdachadh	Lùghdachadh air sgilean ann an cunnart  Modh-obrach soilleir airson planadh leantainneach	Pròiseas dualchais ann an cunnart, ag obrachadh Bliadhna 1
	Frèam-obrach a chruthachadh a chuireas taic ri buidhnean agus daoine fa leth gu sgilean agus roinn eòlas	Mapadh cò aige a tha an t-eòlas/sgilean a tha comharraichte mar phrìomhachasan stèidhichte air an dàta bho chomhairleachaidhean SIP  Mothachadh air gnìomhachd làithreach a chomharrachadh, a cho-thaobhadh agus a thogail  Comharrachadh nan goireasan a tha a dhìth	Com-pàirtichean SIP, lìonraidhean roinne a' gabhail a-steach Gàidhlig	Tuigsinn nas motha don t-solar a tha ri fhaotainn  Maidseadh solar ri iarrtas agus comharrachadh bheàrnan	Lùghdachadh air sgilean ann an cunnart  Co-thaobhadh air solar làithreach  Dèiligeadh ri sgilean agus beàrnan eòlais	Mapadh crìochnaichte Bliadhna 1
1.2 Co-thaobhadh, leasachadh agus creideasachadh solar adhartach CPD, a' beachdachadh air ruigsinneachd roinneil	Cothrom air CPD a leasachadh  Solar air a leudachadh mar thaic do ìre tòiseachaidh, eadar-mheadhanach agus adhartach, far a bheil e riatanach  Co-thuigse do dh'ìnbhean solair CPD a bheathachadh agus na comasan air an leasachadh	Sgrùdadh CPD làithreach, seasmhachd, ruigsinneachd roinneil agus comharrachadh bheàrnan  Cruthachadh aon àite airson fiosrachadh sgilean as urrainn a bhith follaiseach an àiteigin eile  Cruthachadh slighe CPD do phrìomh dhreuchdan	Buidhnean proifeiseanta /com-pàirtichean SIP	Meudachadh cothrom air CPD  Tuigse nas meudaichte air CPD  Taic do dh'adhartas dreuchdail  Taic do phlanadh leantainneachd	Co-ionannachd cothruim air CPD  Sgioba-obrach àrd-sgileil	Stèidheachadh bun-loidhne stèidhichte air eacarsaich sgrùdaidh, a dh'fhaodas ath-sgrùdadh gach dàrna bliadhna Bliadhna 1  Cruthachadh aon àite airson fiosrachadh sgilean Bliadhna 1



Gnìomh	Cinn-uidhe	Gnìomhachdan	Com-pàirtichean	Builean Eadar-amail	Buaidhean Fad-amail	Targaid SMART
1.3 Togail mothachadh do ghleidhteachas le prìomh luchd-ùidhe	Mothachadh do ghleidhteachas a thogail le prìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach solaraichean foghlaim /oifigearan planaidh	Leasachadh solar targaidte a' gabhail a-steach ghoireasan air-loidhne	Com-pàirtichean SIP/com-pàirtichean faighinn	Mothachadh meudaichte air prionnsapalan glèidhteachais	Stiùireadh iarrtas airson sgilean	Pileatadh agus deuchainneadh goireas Bliadhna 2
1.4 Togail comas san roinn gus trèanadh a lìbhrigeadh ann an prìomh raointean.	Ruigsinneachd agus seasmhachd solar trèanadh a mheudachadh	Leasachadh 'mòr-ionadan' trèanadh roinneil mar phàirt de mhodh-obrach lìonraidhichte  Leasachadh prògram gus solaraichean trèanadh àrd-sgileadh	Buidhnean trèanadh treas-roinne, solaraichean foghlaim, com-pàirtichean Gàidhlig	Comas agus taic a thogail do sholaraichean trèanadh làithreach  Toirt taic do phrìomh-shruthadh solair  Meudachadh ruigsinneachd air trèanairean / measadairean / dearbhairean	Meudachadh solar	Meudachadh 5% ann an solaraichean/ solar, gach bliadhna bho Bliadhna 2 agus tro bheatha an SIP
1.5 Taic do bhuidhnean seasmhach	Seasmhachd bhuidhnean na roinne a mheudachadh	Àrdachadh phrògraman làithreach, a tha a' cur taic ri seasmhachd bhuidhnean na roinne  Togail air iomairt com-pàirt saor-thoileach Make Your Mark gus an àireamh, iomdachd agus seat sgilean luchd-saor-thoileach dualchais, a thogail	Com-pàirtichean SIP	Meudachadh taic don roinn	Gu bheil na sgilean ceart aig buidhnean air a bheil cùram don àrainneachd eachdraidheil agus gu bheil iad nas fhuilangaiche	Stèidheachadh bun-loidhne a ghabhas a h-ath-sgrùdadh gach dàrna bliadhna Bliadhna 1  Meudachadh 5% ann an solar/ buidhnean a' faotainn taic gach bliadhna bho Bliadhna 2 agus tro bheatha an SIP



## Cuspair 2: Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd

Gnìomh	Cinn-uidhe	Gnìomhachdan	Com-pàirtichean	Builean Eadar-amail	Buaidhean Fad-amail	Targaid SMART
2.1 Adhartachadh na roinne mar àite tarraingeach airson obair ann	<p>Tarraingeachd na roinne a mheudachadh mar roghainn dreuchdail</p> <p>Mothachadh a mheudachadh do chothroman obrach/dreuchdail</p> <p>A' dèiligeadh ri mì-thuigsinn</p>	<p>Àrdachadh phrògraman làithreach, a' gabhail a-steach Tog d' Àm Teachdail, Seachdain Dhreuchdan Dualchais agus Taighean-tasgaidh an Ama ri Teachd</p> <p>Leantainn air adhart a' leasachadh ìomhaigh air-loidhne nan roinnean, a' gabhail a-steach Dreuchdan Dualchais, My World of Work agus àrd-ùrlaran eile agus iomadachd na roinne, ioma-shlighean inntrigidh agus cothroman adhartachadh</p> <p>Com-pàirteachadh ann am modailean ro-phreantasachd, a' gabhail a-steach cumadh do dhreuchd, agus bun-phreantasachdan mar phàirt den mhodh-obrach shlighean</p> <p>Cruthaich slighe com-pàirteachaidh suas bhon bhun-sgoil</p> <p>Solarachadh taic agus CPD do luchd-buaidh agus roinn an fhoghlaim</p>	<p>Buidhnean libhrigidh tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd</p> <p>Com-pàirtichean SIP a' gabhail a-steach MGS, STBF, SDS, DYW</p>	<p>Mothachadh meudaichte am measg phàrantan is dhaoine òga de chothroman taobh a-staigh na h-àrainneachd eachdraidheil</p> <p>Tuigse mheudaichte a thaobh dreuchdan na h-àrainneachd eachdraidheil le sgoilearan is tidsearan bun-sgoile is àrd-sgoile</p> <p>Goireasan ùra air an cruthachadh mar thaic do mhodh-obrach shlighean</p> <p>Libhrigeadh meudaichte air CPD do chomhairlichean dhreuchdan, luchd-obrach DYW, tidsearan treòrachaidh agus luchd-buaidh eile</p> <p>Slighean anns an roinn àrainneachd eachdraidheil rim faotainn bho àm sgoile</p>	<p>Mothachadh nas motha den roinn agus cothroman do na h-uile</p> <p>Cothroman soilleir air com-pàirteachadh</p> <p>Teachdaireachdan cunbhalach mu dhreuchdan roinneil</p>	<p>An àireamh de dhaoine òga/sgoiltean/buadhairean/raointean ùghdarrais ionadail an sàs ann am prògraman nàiseanta a' fàs 5% gach bliadhna rè beatha an SIP</p> <p>Slighe com-pàirteachaidh na h-àite Bliadhna 2</p> <p>Prògram CPD do chomhairlichean dhreuchdan/luchd-obrach DYW/tidsearan treòrachaidh agus luchd-buaidh eile nan àite Bliadhna 2</p>

Gnìomh	Cinn-uidhe	Gnìomhachdan	Com-pàirtichean	Builean Eadar-amail	Buaidhean Fad-amail	Targaid SMART
2.2 Cruthaich slighean aithnichte a-steach do agus tarsainn na roinne do na h-uile	Slighean aontaichte, soilleir is aithnichte a-steach do agus tarsainn na roinne airson prìomh dhreuchdan	Measadh agus co-thaobhadh solar lithreach, agus comharrachadh bheàrnan  Ceangal ri Gnìomh 1.3  Leasachadh sreath de sgrùdaidhean cùise agus goireasan, a' taisbeanadh slighean dreuchdail  Cruthachadh shlighean ùra ann an raointean de fheumalachd chomharraichte m.e. arc-eòlas, tasglannan is leabharlannan agus cruthan-tìre eachdraidheil is gàrraidhean	Buidhnean proifeiseanta, com-pàirtichean SIP, com-pàirtichean SDS, SQA, foghlam àrd-ìre is adhartach	Slighean leasaichte do sgilean àrainneachd eachdraidheil  Tuigse iomlan de shlighean dreuchdail airson prìomh dhreuchdan  Gabhail meudaichte air cothroman dreuchdail	Mothachadh do shlighean inntrigidh don roinn  Slighean nas èifeachdaiche a-steach don roinn a dh'fhaodas taic a thoirt do dhreuchdan agus adhartas fad-beatha  Tha an àrainneachd eachdraidheil nas eadar-mheasgte agus in-ghabhalach	Slighean aithnichte soilleir do phrìomh dhreuchdan anns gach raon den roinn (deireadh Bliadhna 2)
2.3 Cruthaich cothroman fastaidheachd gus taic a thoirt dhaibhsan as fhaide air falbh bhon sgioba-obrach mar phàirt de modh-obrach slighe	Roinn nas in-ghabhalaich is ruigsinnich a thogail  An sruth tàlaint a leudachadh	Obrachadh le com-pàirtichean gus prògraman fastaidheachd a leasachadh agus a lìbhrigeadh, stèidhichte air cleachdadh obrach cothromach  Prògraman ro-phreantasachd is bun-phreantasachd ùisneachadh mar phàirt de mhodh-obrach slighe gus taic a chur ri inntrigeadh do phrìomh dhreuchdan	Com-pàirtichean SIP, fastaichean, SDS, solaraidhean trèanaidh, Foghlam Adhartach	An àireamh de dhaoine comasach air prògraman fastaidheachd a ruigsinn, a mheudachadh  An sruth tàlaint don roinn a mheudachadh	Tuigse agus deisealachd do dh'obair san roinn, a mheudachadh	Meudachadh de 5% gach bliadhna san àireamh de ro-phreantasachdan is bun-phreantasachdan air an tabhann bho Bliadhna 2





## Cuspair 3: A' beathachadh ùr-ghnàthachadh

Gnìomh	Cinn uidhe	Gnìomhachdan	Com pàirtichean	Builean Eadar amail	Buaidhean Fad amail	Targaid SMART
3.1 Togail sgilean gus taic a chur ri lasachadh agus freagarrachadh air cothromachadh carboin	Co-obrachadh meudaichte agus co-thaobhadh gnìomhachd	Gnìomhachd làithreach agus beàrnan a lorg agus a mhapadh	Com-pàirtichean SIP	Co-thuigse do ghoireasan rim faotainn agus bheàrnan	Roinn càrboin litireil	Stèidheachadh bun-loidhne bunaichte air eacarsaich lorg a ghabhas ath-sgrùdadh gach dàrna bliadhna Bliadhna 1
	An ìre de litearrachd càrboin san roinn, fhàs	Comharrachadh nan cothroman/cruthachadh àrainneachd airson ceannardas roinne san raon seo		Ceannardas soilleir air gluasad air adhart	Tha an àrainneachd eachdraidheil nas fulangaiche do ghnàth-shìde	Meudachadh 10% gach bliadhna ann am buidhnean a tha gam faicinn fhèin a bhith litireil an càrbon bho Bliadhna 2
	Taic do bhuidhnean nas lugha a mheudachadh	Ruigsinneachd air trèanadh àrdachadh agus a mheudachadh, a' gabhail a-steach litearrachd càrboin, cunntasachd càrboin, eaconamaidh cuairteach, ath-fhreagarrachadh agus èifeachdas cumhachd, agus fuasglaidhean stèidhichte air nàdar (ceanglaichean gu Gnìomh 1.3)		Solar meudaichte	Sgaoilidhean lùghdaichte bhon àrainneachd eachdraidheil	Meudachadh bliadhnail 5% ann an solar bho Bliadhna 2
		Uidheam a chruthachadh airson meantoradh/taic do bhuidhnean nas lugha				

Gnìomh	Cinn uidhe	Gnìomhachdan	Com pàirtichean	Builean Eadar amail	Buidhean Fad amail	Targaid SMART
3.2 Beathachadh litearrachd dhidseatach	Ceannardas roinne meudaichte san raon seo	Sgrùdadh sgilean is solair a ghabhail os làimh	Compàirtichean SIP/solaraidhean foghlaim	Tuigse shoilleir air feumalachd sgilean agus solar ri fhaotainn	An sgioba-obrach làithreach didseatach gu litireil	Buidheann obrach na àite Bliadhna 1
	Solar foghlam àrd-ìre is adhartach a' coileanadh feumalachdan an fhastaiche	Comharrachadh/cruthachadh buidheann obrach gus ceannardas a sholarachadh san raon seo		Co-obrachadh nas motha a thaobh cuimse agus stiùireadh	Faodaidh buidhnean an comas freagairt fhàs, agus brath a ghabhail air ùr-ghnàthachaidhean didseatach	Stèidheachadh bun-loidhne bunaichte air eacarsaich lorg, a ghabhas ath-sgrùdadh gach dàrna bliadhna Bliadhna 1
	Meudachadh litearrachd dhidseatach	Togail cheanglaichean eadar fhastaichean agus aitreabhan foghlam àrd-ìre is adhartach gus gnìomhadh dèantach air solar a leasachadh		Ruigsinneachd mheudaichte air cothroman roinn sgilean agus CPD	Co-obrachadh meudaichte	Fianais mheudaichte air com-pàirt fastaiche ann an foghlam àrd-ìre is adhartach, bho Bliadhna 2
	Co-obrachadh agus roinn sgilean san roinn seo, a mheudachadh	Àrdachadh phrògraman mar thaic do litearrachd dhidseatach				Meudachadh bliadhna de 5% ann an solar bho Bliadhna 2
		Cruthachadh uidheaman airson roinn sgilean (ceangal gu Gnìomh 1.3)				
3.3 Mach churan bho bhuilean rannsachaidh a chruthachadh	Sgaoileadh, tuigse agus gnìomhadh nas motha air a' chleachdadh as fheàrr agus leasachaidhean ùra	Comharrachadh rannsachadh aig a bheil a' chomas as motha air buaidh/cruth-atharrachadh a thoirt air an roinn	Buidhnean rannsachaidh neo-eisimeileach, buidhnean mòra, aitreabhan foghlaim	Dèanamh cinnteach gu bheil deagh chleachdadh agus ùr-ghnàthachadh na bhuannachd don roinn iomlan, far a bheil sin iomchaidh	Ùr-ghnàthachadh air fhighe a-steach do sholar sgilean	Leasachadh is pileatadh cruth Bliadhna 2
	Ionadan nàiseanta ùra a chruthachadh do sgilean agus ùr-ghnàthachadh	Cleachdadh frèam-obrach roinn sgilean gus eòlas a sgaoileadh/mach-churan sgilean a chruthachadh				
		Lìonraidhean sgilean a chleachdadh gus sgaoileadh gu solaraidhean nas fharsainghe				

# Prìomhachasan is gnìomhan tèaman obrach

A thuilleadh air Plana Tasgaidh Sgìlean farsaing, tha na toraidhean bho gach aon de na cearcaill còmhraidh tèama air an cleachdadh gus pròifilean sgìlean a chruthachadh mar thaic do lìbhrigeadh air prìomhachasan anns gach raon obrach. Tha na pròifilean sin a' gabhail a-steach geàrr-iomradh air co-theacsa làithreach gach raon obrach agus prìomhachasan cholbhan obrach a tha a' cur ri lìbhrigeadh air prìomhachasan an SIP.

Tèama	Prìomhachasan na tèama	Prìomhachasan an SIP
Arc-eòlas	Dèiligeadh ri dìth fìor-eòlaichean iar-chladhach	Togail comas agus fàs solair
	Leasaich slighean dreuchdail seasmhach agus cothromach	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
	Leantainn air adhart a' leasachadh bun-structar de solar trèanaidh a' gabhail a-steach siostam seasmhach gus taic a thoirt dha fìor-eòlaichean	Togail comas agus fàs solair
	Leasachadh sgìlean a thaobh modhan didseatach a' gabhail a-steach tuigse inntealta (AI)	A' beathachadh ùr-ghnàthachadh
	Leasachadh sgìlean agus eòlas air cothromachadh-carboin	A' beathachadh ùr-ghnàthachadh
Ailtireachd, innleadaireachd, planadh agus suirbhidheadh	Mothachadh do ghleidhteachas a thogail	Togail comas agus fàs solair
	Cruthachadh mach-chur air sgìlean bho bhuilean rannsachaidh	A' beathachadh ùr-ghnàthachadh
	Co-obrachadh nas fheàrr eadar institiudan a bheathachadh	Togail comas agus fàs solair
	Conaltradh le sgoiltean agus na h-òigridh	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
Tasglannan agus leabharlannan	Meudaich chothroman airson ionnsachadh neo-fhoirmeil	Togail comas agus fàs solair
	Leasaich frèaman-obrach airson planadh leantainneach	Togail comas agus fàs solair
	Leasachadh sgìlean saidheans dàta	A' beathachadh ùr-ghnàthachadh
	Leasachadh slighean adhartach	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
Glèidhteachas	Cruthaich structar airson roinn eòlais agus planadh leantainneach	Togail comas agus fàs solair
	Cruthaich structar airson CPD adhartach agus gnìomhadh dèantach air trèanadh	Togail comas agus fàs solair
	Tuigse air ròl creideasachadh agus inbhean	Togail comas agus fàs solair
	Togail comas agus sgìlean gus dhaoine eile a thrèanadh	Togail comas agus fàs solair
Gàidhlig	Cruthaich no cleachd lìonraidhean a th'ann mar tha gus obrachadh còmhla gus sgìlean, trèanadh agus cothroman leasachaidh phroifeiseanta a leudachadh airson feachd-obrach na Gàidhlig an-dràsta agus san àm ri teachd	Togail comas agus fàs solair
	Leasaich lìonraidhean agus àite airson goireasan agus deagh chleachdadh a cho-roinn	Togail comas agus fàs solair
	Leasaich sgìlean a bheireas taic do dualchas cultarach do-bheantainneach (ICH) a dh'ion	Togail comas agus fàs solair
	Brosnaich luchd-ùidh, a' gabhail a-steach stiùirichean, luchd-dèanaimh phoileasaidhean agus eile ann am buidhnean dualchais agus roinnean co-cheangailte riutha, gus trèanadh mothachaidh Gàidhlig a dhèanamh	Togail comas agus fàs solair

Tèama	Prìomhachasan na tèama	Prìomhachasan an SIP
<b>Saidheans dualchais</b>	Leasaich modail airson planadh leantainneach agus roinn eòlais	Togail comas agus fàs solair
	Leasachadh solar sgilean structaraichte	Togail comas agus fàs solair
	Tarraing tàlant teachdail agus slighean dreuchdail	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
	Faotainn maoiniachadh agus tagradaireachd seasmhach	Prionnsapal uile-ghabhalach
<b>Turasachd dualchais</b>	Leasachadh cumadh-inntinn tionnsgainneach	Togail comas agus fàs solair
	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh cothrom	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
	Leasachadh sgilean coitcheann	Togail comas agus fàs solair
	Litearrachd didseatach a bheathachadh	A' beathachadh ùr-ghnàthachadh
<b>Cruthan tìre eachdraidheil agus gàrraidhean</b>	Tarraing tàlant teachdail	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
	A' cur fuasglaidhean nàdarra an gnìomh	A' beathachadh ùr-ghnàthachadh
	Leasachadh slighean soilleir is adhartach	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
	Mothachadh do ghlèidhteachas a thogail	Togail comas agus fàs solair
<b>Dualchas gnìomhachasail</b>	Leasaich frèam-obrach gus taic a thoirt do phlanadh leantainneach	Togail comas agus fàs solair
	Leasaich frèam-obrach airson CPD/roinn sgilean/sgilean meacanaigeach	Togail comas agus fàs solair
	Pileatadh sgeama a tha a' cleachdadh so-fhastachd gus sgilean ann an cunnart leasachadh	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
	Cruthaich ceanglaichean le gnìomhachasan obrach	Prionnsapal uile-ghabhalach
	Tog comais gus barrachd libhrigeadh	Togail comas agus fàs solair
<b>Taighean tasgaidh agus gailearaidhean</b>	Leasaich cultar nas in-ghabhalach agus dèilig le bacaidhean	Prionnsapal uile-ghabhalach
	Cruthaich àrainneachd airson co-obrachadh thar na roinne	Prionnsapal uile-ghabhalach
	Cruthaich frèam-obrach airson solar trèanaidh	Prionnsapal uile-ghabhalach
	Ainmich siostam airson roinn eòlais agus sgilean	Togail comas agus fàs solair
<b>Sgilean togail traidiseanta</b>	Dèilig le dìth solar trèanaidh agus tog àm ri teachd posataibh	Togail comas agus fàs solair
	Maoiniachadh dha solar trèanaidh agus bun-structar	Prionnsapal uile-ghabhalach
	Leasachadh de ionadan nàiseanta agus solar so-ghluaiseach	Togail comas agus fàs solair
	Libhrigeadh sùbailte le slighean eadar-roghnach	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd
	Comasachadh an eadar-ghlusaid gu cothromachadh-carboin	A' beathachadh ùr-ghnàthachadh
	Tarraing tàlant teachdail	Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd



# TOMHAS SOIRBHEACHADH AGUS RIAGHLADH

Bidh adhartas mu choinneamh ghnìomhan agus na targaidean co cheangailte ris air a sgrùdadh a' cleachdadh RAG (modh obrach dearg òmar uaine). Thèid deas bhòrd a chruthachadh gus Prìomh Chomharran Coileanaidh agus slàinte sgilean is solar san roinn, a sgrùdadh.

Leanaidh am Buidheann Sgilean is Ealantais a' dèanamh riaghladh air lìbhrigeadh an SIP. Thèid a' bhallrachd ath sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur taic ri leud lorg na roinne agus prìomh luchd ùidhe, ris a bheil leithid bhuidhnean sgilean agus Riaghaltas na h Alba comasach air conaltradh. Bheir am buidheann seo seachad comhairle, taic, thar shealladh agus tagradaireachd gus lìbhrigeadh air an SIP a dhèanamh comasach agus bidh iad ag aithris do bhuidheann stiùiridh OPOF mar phàirt de structar OPOF.

Leanaidh am Buidheann Sgilean is Ealantais a' faighinn fiosrachadh às ùr air adhartas gach sia mìosan airson ath sgrùdadh. Faodaidh raointean draghail no atharrachadh fòcais an deasbad aig na coinneamhan sin gach sia mìosan.

Thèid ballrachd bhuidhnean lìbhrigidh làithreach ath sgrùdadh agus ath chuimseachadh gus taic a chur ri builean an SIP ùraichte. Bidh beachdachadh ga dhèanamh air a' bhallrachd gus dèanamh cinnteach gu bheil sin a' riochdachadh nan tèaman air fad, fharsaingeachd cruth na tìre agus riochdachadh eadar measgaichte.

Far a bheil e iomchaidh, bithear a' coimhead ri buidhnean a tha an làthair ri prìomhachasan an SIP a lìbhrigeadh. Ma bhios feum air, thèid buidhnean a stèidheachadh gus lìbhrigeadh an aghaidh prìomhachasan agus chinn uidhe sònraichte SIP. Is e buidhnean lìbhrigidh geàrr amail a bhios annta nuair a tha feum air eadar theachd sònraichte, no buidhnean lìbhrigidh nas fhad amail far a bheil a' bhuil a' tarraing atharrachadh cultarach nas fhad amail. Bidh cumha iomraidh aig gach buidheann agus thèid beachdachadh air an dòigh as urrainn dhaibh an in ghabhail a thoirt chun na h ìre as àirde. Bidh gach buidheann a' biathadh a steach don Buidheann Sgilean is Ealantais agus don lìonra OPOF nas fharsainge.

Chaidh a mholadh gun rannsaich an roinn leasachadh air buidheann sgilean roinne a dh'fhaodas lìbhrigeadh dèanadach na h obrach seo a stiùireadh, gus obrachadh ri taobh Lantra, Construction Industry Training Board (CITB) agus buidhnean sgilean eile, gus tagradh às leth na roinne àrainneachd eachdraidheil, taic, comhairle agus uidheamachdan a sholarachadh airson co obrachadh agus com pàirt fhastaichean. Tha an lùghdachadh ann am buidhnean sgilean air an roinn fhàgail le raointean a tha trèigte. Tha nàdar diofraichte agus meud na roinne a' ciallachadh gum faod dìth guth a bhith aca taobh a staigh raointean eile den roinn.



# RO-INNLEACHDAN AGUS PLANAICHEAN- GNÌOMH NA ROINNE

Ro-innleachd na roinne/Plana-gnìomha	Prìomhachas SIP 1: Togail comas agus fàs solair	Prìomhachas SIP 2: Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd	Prìomhachas SIP 3: A' beathachadh ùr-ghnàthachadh	Prìomhachasan uile-ghabhalach
Ar n-Àm a dh'Fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd	✓	✓	✓	✓
Archaeology Strategy	✓			✓
Archive Sector Workforce Strategy	✓	✓		✓
Public Library Skills Strategy	✓	✓		✓
ICON Conservation Skills Strategy	✓	✓		✓
Scotland's Outlook 2030	✓	✓	✓	✓
People Make Heritage (2020)	✓			✓
Nature-based Jobs and Skills Action Plan (2023-24)	✓	✓		✓
Industrial Heritage Skills Strategy (2023)	✓	✓		✓
Scotland's Museums and Galleries Strategy	✓	✓	✓	✓

Ro-innleachdan Nàiseanta	Prìomhachas SIP 1: Togail comas agus fàs solair	Prìomhachas SIP 2: Tarraing tàlant teachdail agus leasachadh ruigsinneachd	Prìomhachas SIP 3: A' beathachadh ùr-ghnàthachadh	Prionnsapalan uile-ghabhalach
Scotland's National Strategy for Economic Transformation	✓	✓	✓	✓
Future Skills Action Plan (2021)	✓			✓
Scotland's Volunteering Action Plan	✓	✓	✓	✓
Climate Emergency Skills Action Plan	✓			✓
Ro-innleachd Cultair do dh'Alba	✓			✓

## Aithneachadh

Bu thoil leinn taing a thoirt gu an luchd-ùidhe, fastaichean agus com-pàirtichean air fad a ghabh pàirt anns a' cho-chomhairleachadh agus a chuidich le leasachadh a' Phlana Tasgaidh Sgilean airson roinn Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba.

Taing air leth do chom-pàirtichean gach tèama airson an taic, an stiùireadh, agus a' treòrachadh na co-chomhairleachaidhean.



## OGL

You may re-use this information (excluding logos and images) free of charge in any format or medium, under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated.

To view this licence, visit <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gov.uk)

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

Cuir ceistean sam bith mun sgrìobhainn seo thugainn aig:

Historic Environment Scotland  
Longmore House  
Salisbury Place  
Edinburgh  
EH9 1SH  
+44 (0) 131 668 8600  
[www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

Gheibhear an sgrìobhainn seo air ar làrach-lìn air [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)